



CULTURE, HERITAGE & ARTS  
ASSEMBLY.  
ARGYLL & ISLES



COLMCILLE  
1 5 0 0

# Duais Dìleab Chaluum Chille The Colmcille Legacy Award

## Stiùireadh an Iarrtais



## Cùl-fhiosrachadh

'S e sgeama maoinachaidh nàiseanta beag a tha ann an Duais Dìleab Chaluim Chille / The Colmcille Legacy Award, a chaidh a chruthachadh ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig agus CHARTS gus beatha is dìleab chultarail Chaluim Chille a chomharrachadh tro Bhliadhna Choluimille 1500. Airson fiosrachadh air an chom-pàirteachais, faicibh: Bòrd na Gàidhlig, <https://www.gaidhlig.scot/>; CHARTS, <http://www.chartsargyllandisles.org>

Bidh am pròiseact a' tairgsinn dhuaisean ealain gach mìos agus taisbeanadh air-loidhne gus àite is taic a thoirt do dh'obair luchd-ealain na Gàidhlig, a bhuineas do cuspairean Chaluim Chille. Airson fiosrachaidh mu Bhliadhna Chaluim Chille, faicibh: <https://colmcille.net/> 'S e pròiseact didseatach a tha seo a dhèiligeas ris na dùbhlain a tha romhainn air adhbhar astarachaidh shòisealta mar thoradh air Covid-19 aig àm cur a' dol Chaluim Chille 1500.

Tha an sgeama maoinachaidh a' comharrachadh, a' cuimhneachadh is a' mìneachadh an àite a bha aig Calum Cille san latha an-dè agus ann an comann an latha an-diugh. Ag amas a bhith a' cur taic ri iomadh diofar mheadhan ealain, bidh fàilte air luchd-ealain iarrtasan a chur a-steach airson pìosan ùra, no tro bhith a' cur air adhart obair a th' agaibh mar-thà, le ceangal do bheatha is dìleab Chalum Chille.

'S e am prìomh amas ealain is cultar na Gàidhlig a rùrachadh is a chomharrachadh tro bhith a' cur gu feum raon de mheadhan ealain is cuspairean a bhuineas do Chalum Cille, a nochdar ann an dòigh bhuannachdail ann an co-theacs nam meadhanan eileagtronaigeach, air-loidhne.

Tha dà sheòrsa dhuais rim faighinn:

- Suas ri 18 duaisean ealain do luchd-ealain a' fuireach ann an Alba
- Duais Dhualchais a bhios ri buannachadh do neach/luchd-ealain a' fuireach ann an sgìre Earra-Ghàidheal agus Bhòid a-mhàin

Tha sinn ag amas air cha mhòr aon dhuais a thoirt seachad aig gach ìre do neach òg, eadar 16-26 bliadhna.

## Cuspairean

### **Colmcille: An Culaidh-bhrosnachaidh**

Tha an Duais Dìleab Chaluim Chille a' comharrachadh dìleab Chaluim Chille tro fhreagairtean ealanta dha obair is dha dhìleab

**Thathar ag iarraidh air luchd-iarrtais beachdachadh cuideachd air mar a bhuineas obair-ealain sam bith a mholar don duais do na cuspairean a leanas:**

### **Calum Cille nan Gàidheal**

A' comharrachadh nan coimhearsnachdan Gàidhlig ann an Èirinn, Alba, Alba Nuadh, Eilean Mhanainn agus luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh an t-saoghail

### **Colmcille: An Naomh**

Ag aithneachadh is a' comharrachadh na buaidh mòire a bha aig Calum Cille is a luchd-leantainn air a' bheatha chràbhaidh is spioradail ann an Èirinn, Alba is nas fhaide air falbh thar nan ginealach

### **Colmcille: Ar Dualchas Còmhla**

A' rùrachadh an raoin de dhualchas so-bheantainn is do-bheantainn a chuarticheas a' phearsa leantailich seo

### **Colmcille: Ar n-Àrainneachd**

Le sùil air còrdadh leis an tìr is leis a' mhuir, ciamar a thèid againn air cleachdadh is mealtainn so-sheasmhach a bhrosnachadh a mhaireas gu fad-ùineach

## Duaisean

Bheirear seachad 19 duaisean uile-gu-lèir thar tràth de 18 mìosan bhon Iuchar 2020-an Dùbhlachd 2021.

Air a stiùireadh às leth a' chom-pàirteachais le CHARTS, thèid am pròiseact seo a lìbhrigeadh ann an trì cuibhreannan, a shònraicheas sreath de shia duaisean, aon dhiubh gach mìos, de £500 (aig ìre nàiseanta) agus aon duais a bharrachd de £1000 aig am bi fòcas air obair-ealain a chaidh a dealbhadh gu bun-bheachdail air cuspair slighe an dualchais (Earra Ghàidheal is Bòd a-mhàin). 'S e a bhios romhainn co-dhiù aon duais a thairgsinn aig gach àm taghaidh gu duine òg, eadar 16-26 bliadhna a dh'aois:

### Cinn-latha nan Iarrtasan

- **30 an t-Ògmhios** (airson duaisean a roinneadh anns an Iuchar, san Lùnastal, san t-Sultain, san Dàmhair, san t-Samhain, san Dùbhlachd)

### Duais Slighe an Dualchais - 31 an Iuchar 2020

**Duaisean Ealain** – 'S urrainnear a' cur a-steach airson duais aig àm sam bith. Tha 18 duaisean rim faighinn.

### Na tha sinn a' sireadh

**Bu toil leinn faighinn a-mach mu na beachdan, mun tràchd dhearbhaichte, agus mun eòlas agaibh.** Bidh sinn a' toirt prìomhachas do iarrtasan a nochdas gu soilleir:

- Cleachdadh na Gàidhlig tron phròiseact air fad
- càileachd is meadhan obrach airson cleachdadh gu didseataich
- smaoineachadh cruthachail
- cùl-eòlas de choileanadh
- deòin a bhith ag obair leis an t-sluagh
- deòin a bhith ann an co-rèir le Calum Cille 1500 agus obair còmhla ri sgioba margaidheachd CHARTS mar as iomchaidh

Bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach gu bheil ceangal soilleir eadar an obair agaibh agus Calum Cille 1500.

### Cò a dh'fhaodas tagradh?

## **Feumaidh iomradh air obair neach/luchd-labhairt na Gàidhlig a bhith san tagradh:**

- Luchd-labhairt na Gàidhlig ag obair air an cinn fhèin no an com-pàirteachas le càch.
- Feadhainn gun Ghàidhlig a tha ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-labhairt na Gàidhlig.

Faodaidh duine sam bith cur a-steach air duaisean ealain ma tha iad a' fuireach ann an Alba. 'S e an aon sònrachadh tuilleadh air a sin nach fhaod ach luchd-còmhnaidh Earra Ghàidheal is Bòid cur a-steach air Duais an Dualchais. Cuirear fàilte air iarrtasan bho na daoine a leanas:

- Duine sam bith a tha nas sine na 16 bliadhna a dh'aois
- Luchd-ealain proifeiseanta gnàth-eòlach
- Luchd-ealain nas òige, a thaobh aois no eòlas, aig a bheil beachdan ùr-ghnàthach agus a tha air sealltainn gu bheil comas aca agus/no taic eile, a leigeas leotha freagairt air cumhaichean an sgeama

## **Am measg cumhaichean nan duaisean, feumaidh:**

- Gum bi obair deiseil airson taisbeanadh dà sheachdain ro mhìos roinnte na Duais: me feumaidh gum bi obair a ghlèidh duais airson taisbeanadh san Lùnastal air lìbhrigeadh gu CHARTS san Iuchar.
- Gun ceadaich luchd-buaidh Dhruisean CHARTS a bhith a' cur air adhart na h-obrach seo air feadh Bliadhna Chaluim Chille
- Gum bi cead aig luchd-ealain an obair a reic no a com-pàirteachadh ann an dòigh air choreigin aig àm sam bith mìos an dèidh a cur am follais
- Creideas a thoirt do com-pàirtichean ann am follaiseachd sam bith fhad 's a mhaireas an obair-ealain
- Aithisg ghoirid a bhith sgrìobhte le luchd-buaidhe na duais aig deireadh am pròiseict gus ar cuideachadh le luachadh is dìleab

- An fheadhainn agus buill buidhnean a ghabhas pàirt fo-sgrìobhadh a ghabhail ri ballrachd CHARTS agus thèid cothrom a thoirt do gach neach-iarrtais a dhol na bhall de CHARTS:

## **MU DHEIDHINN CHARTS – buannachdan na ballrachd**

Chaidh CHARTS a stèidheachadh ann an 2019, ag èiridh à Com-pàirteachas Àite Comhairle Earra Ghàidheal is Bòid agus Alba Chruthachail. Faicibh:

<https://www.creativescotland.com/funding/funding-programmes/targeted-funding/place-programme>

'S iad adhbharan a' bhuidhinn cur air adhart cultar, ealain is dualchas, agus sin a' toirt a-steach:

- Dealbhadh cleachdaidh agus bhuidhnean le bhith a' co-obrachadh agus ag obair an com-pàirteachas le càch
- Cleachdadh conaltraidh èifeachdaich thar chrìochan cruinn-eòlasach agus roinneil
- Fàs àireamhan an luchd-cleachdaidh is pàirteachaidh gu co-obrachail, aig ìre ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta
- Lìbhrigeadh phròiseactan com-pàirteach a bheir togail, foghlam is dibhearsain gu coimhearsnachdan is luchd-tadhail
- A' cur ri inntigeadh agus com-pàirteachadh de ghoireasan is trèanadh.

## **Tha ballrachd an lìonraidh CHARTS saor an-asgaidh; am measg nan seirbheisean na cois tha:**

- A bhith a' togail ìomhaigh nam ball; a' cur obair am follais is margaidheachd
- A bhith a' toirt buill ri chèile agus an aon ùidh aca, a' cruthachadh dhàimhean ùra

- A bhith a’ leasachadh com-pàirteachais is comas maoinachaidh airson phròiseactan
- A bhith a’ cumail taic do bhuill is iad a’ leasachadh an cuid obrach no gnothachais, le trèanadh, comhairle, cothroman pròiseict is bùth-obrach
- Post-soidhneadh gu Earra Ghàidheal is Bòd, cothroman is tachartasan nàiseanta is eadar-nàiseanta
- Taic ri leasachadh ìomhaigh Àite

## **Buannachdan do luchd-ealain is buidhnean na Gàidhlig**

Tha na prìomh buannachdan seo shuas uile buntainneach. Ann a bhith a’ cur air dòigh dàimh le Bòrd na Gàidhlig, bidh CHARTS a’ cur am follais a Phoileasaidh Gàidhlig an ceann ghoirid agus thathar an dòchas a bhith a’ cur air dòigh dhàimhean ùra le luchd-ealain is buidhnean na Gàidhlig, gus cuideachadh a bhith a’ dèanamh cànan is cultar na Gàidhlig nas nochdte. Airson a dhol nur ball de CHARTS A-NIS, nach briog sibh air a’ cheangal a leanas:

<https://www.chartsargyllandisles.org/register/>

## **Pròiseas an iarrtais**

### **Tachartasan taice air-loidhne**

Gus ceistean sam bith a fhreagairt agus gus taic a chumail ri cur a-steach ur n-iarrtais, cuiribh fios gu [info@chartargyllandisles.org](mailto:info@chartargyllandisles.org). Faodar tachartasan-taic air-loidhne a chur air dòigh ma bhios sin feumail.

### **Pannal-taghaidh**

Thèid gach iarrtas mu chomhar coinneamh pannail, a nì co-dhùnaidhean air cò a gheibh an taic. 'S e riochdairean à Bòrd na Gàidhlig, CHARTS agus buidhnean com-pàirteach a bhios air a’ phannal. Bidh luchd-labhairt na Gàidhlig is na Beurla nam measg. Chuireadh am pannal seo ri chèile gus CHARTS a chuideachadh le buaidh-astar leathann air gnothaichean an

latha an-diugh sna h-ealainean agus ann an roinn chultar na Gàidhlig agus gus beachdachadh air comas leasachaidh a dh'fhaodadh èirigh à dìleab sam bith.

## **Mar a nithear iarrtas – sa Ghàidhlig no sa Bheurla**

Bu chòir do luchd-tagraidh am Foirm Iarrtais a chleachdadh, an dàrna cuid clò-sgrìobhadh no làmh-sgrìobhadh. Mas ann le làmh a sgrìobhar, feumar inc dhubh a chleachdadh agus feumaidh e a bhith so-leughadh.

Feumar stuthan cuideachaidh lèirsinneach a chur a-steach an cois an iarrtais. Chan fhaodar barrachd air sia ìomhaighean a chur a-steach mar thaic don bheachd agaibh agus a' sealltainn na h-obrach a rinn sibh o chionn ghoirid ('s e jpeg as fheàrr), no bu chòir dhuibh suas gu còig mionaidean de dh'obair bhideo/fuaime a thoirt seachad is sin a mhion-dealachadh air Foirm Tagradh na h-Obrach-ealain. Bu chòir dhuibh ìomhaighean a thaghadh a rèir cho buntainneach 's a tha iad don iarrtas sgrìobhte agaibh.

Faodaidh gun tèid lethbhreacan a dhèanamh de stuthan bhideo/fuaime a rinneadh leis an luchd-tagraidh shoirbheachail agus sin a chumail airson a chleachdadh ann an aithisgean agus follaiseachd.

Nach cuir sibh iarrtasan coileanta gu [info@chartsargyllandisles.org](mailto:info@chartsargyllandisles.org) ann an àm airson nan ceann-latha a chaidh a liostadh.

A bharrachd, nach cleachd sibh an seòladh seo airson barrachd fiosrachaidh iarraidh, agus nach fhàg sibh fiosrachadh dàlach fòn ma ghabhas sin dèanamh.

Tha ur n-ùidh cudromach dhuinn, agus làimhsichidh sinn gach ceasnachadh le fo-rùnachd.

Tha sinn a' dèanamh fiughair ri cluinntinn bhuaibh.